

curraicealam airson sàr-mhathais: eòlas creideimh ann an sgoiltean caitligeach

prionnsapalan agus cleachdadh

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach Prionnsapalan agus cleachdadh

Dè an co-theacsa a tha co-cheangailte ri eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach?

Tha Alba san 21mh linn a' sìor dhol na dùthaich a tha ioma-chultarach agus eadar-mheasgaichte. Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean seòrsaichte ann an Alba nan sgoiltean Caitligeach, agus tha beagan eile a' frithealadh choimhearsnachdan creideimh eile. Bidh an curraicealam ann an sgoil sheòrsaichte a' nochdadh a shealladh creideamhach fhèin. Ann an sgoiltean Caitligeach, bithear a' togail air mar a tha sgoiltean Caitligeach fosgailte do dhaoine òga eile a dh'aindeoin seòrsa no creideamh.

Tha am frèam seo de eòlasan agus builean, na prionnsapalan a tha ga chumail suas agus an cleachdadh a tha ag èirigh às, a' cumail leantail a' dol le cleachdadh stèidhichte ann an sgoiltean Caitligeach, ach a' leudachadh a' chleachdaidh sin air sgàth *Curraicealam airson Sàr-mhathais*. Chan urrainnear làn thuigse mu na prionnsapalan agus na cleachdaidhean sin a choileanadh ach le bhith gan leughadh an ceangal ri Stiùireadh Leasachail Seo Ar *Creideamh*, a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Seirbheis Foghlaim Caitligeach na h-Alba <http://www.sces.uk.com>.

Thathar an dòchas gum bi an stiùireadh seo feumail cuideachd airson eòlas creideimh na cloinn Chaitligich a tha a' frithealadh sgoiltean neo-sheòrsaichte agus aig nach eil cothrom air solarachadh foghlaim Caitligeach.

Eòlas creideimh

Tha suidheachadh eòlas creideimh ann an sgoiltean seòrsaichte air a mhìneachadh san lagh.¹ Ann an sgoiltean Caitligeach, tha uallach aig a' Choimisean Foghlaim Caitligeach às leth Co-labhairt Easbaigean na h-Alba airson susbaint creideimh sa churraicealam. Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ris a' Choimisean Foghlaim Caitligeach ann an leudachadh stiùireadh do sgoiltean Caitligeach a tha a rèir luachan, rùintean agus prionnsapalan *Curraicealam airson Sàr-mhathais*. Anns na sgoiltean Caitligeach tha an abairt 'eòlas creideimh' ga chleachdadh an àite 'eòlas creideimh agus moraltachd'.

Bidh eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach a' gabhail àite an taobh a-staigh suidheachadh coimhearsnachd farsaing a' chreideimh Chaitligich, ann an com-pàirt le dachaigh agus paraiste. Tha e na phàirt coileanta den sgoil Chaitligich, a tha na choimhearsnachd creideimh air a cheann fhèin. Tha e air a dhealbh airson clann agus daoine òga a chuideachadh gu bhith a' sìor fhàs comasach air freagairt fiosraichte agus earbsach a thoirt do Dhia ann an creideamh, agus an creideamh sin a bheathachadh. Tha e a' tairgsinn chothroman airson an dà chuid soisgeulachd – ag aithris teachdaireachd an t-Soisgeil gu follaiseach do na h-uile – agus Teagasg Chrìosda – doimhneachadh dhealasan creideimh a th' ann am measg luchd-creidsinn.

Dè an comas a bheir ionnsachadh ann an eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach do chlànn agus do dhaoine òga?

Mar a tha mòran sgoiltean agus luchd-teagaisg ag aithneachadh, tha an curraicealam air a dhèanamh suas de bharrachd na roinnean curraicealaim agus cuspairean: is e iomlanachd nan eòlasan a tha air am planadh dhan chloinn agus do dhaoine òga tro am foghlam – canabhas air a bheil an eòlasan ionnsachaidh air an cruthachadh. Tha ionnsachadh tro eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach mar an ceudna, a' cur ri ceithir taobhan a' churraicealaim bho *Adhartas agus Molaidhean*: feallsanachd agus beatha na sgoile, ionnsachadh eadar-chuspaireil, roinnean curraicealach agus cuspairean, agus cothroman airson coileanadh pearsanta.

Ann an sgoiltean Caitligeach, bidh clann agus daoine òga aig diofar ìrean ann an speactram leasachaidh creideimh. Ged a bhios a' chuid mhòr de dhaoine òga às an traidisean Chaitligeach, bidh cuid à seòrsachan agus creideamhan eile no le seasamh beatha a dh'fhaodadh a bhith neo-eisimeileach bho chreideamh sam bith. Bu chòir do eòlas creideimh taic a thoirt dhan chloinn agus do dhaoine òga nan sireadh pearsanta airson firinn agus brìgh nam beatha, agus mar sin tha e aig cridhe adhartas foghlaim. Tha seo air aithneachadh ann an sgrìobhainnean Eaglais a tha a' tairgsinn stiùireadh air foghlam Caitligeach:

Bidh diofar ìrean a thaobh freagairt creideimh aig oileanaich. Feumaidh lèirsinn Chrìosdail na beatha a bhith air a thaisbeanadh na leithid de dhòigh agus gu bheil e a' coinneachadh nan ìrean sin uile, bhon t-soisgeulachd as bunasaiche fad na slighe gu comain, sa chreideamh cheudna.

Caitligich Neo-chlèireach san Sgoil, Coitheanal Naomh do dh'Fhoghlam Caitligeach 1982, 28

¹ Thoiribh an aire gu bheil suidheachadh laghail eòlas creideimh co-cheangailte ri sgoiltean a-mhàin agus chan eil ri ionadan ro-sgoile.

Tha ionnsachadh tro eòlas creideimh a' toirt comas dhan chloinn agus do dhaoine òga:

- an eòlas a thoirt air adhart agus an tuigse mun chreideamh Chaitligeach a dhoimhneachadh
- buntanas a' chreideimh Chaitligich a rannsachadh agus a thuigsinn mu cheistean mu fhìrinn agus brìgh na beatha
- luachan, beachdan agus cleachdaidhean a thogail, a thoirt air adhart agus a chumail suas, a tha an co-chòrdadh ri freagairt dheimhinneach don chuireadh gu creideamh
- sgilean meòrachaidh, lèirsinn agus smaoineachadh breithneachail a thoirt air adhart, agus co-dhùnadh air mar is coir giùlan a bhith a rèir cogais fhiosraichte nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean moralta
- beatha ùrnaigh gach neach fa leth agus coimhearsnachd na sgoile a bheathachadh
- taobhan sònraichte de thraidiseanan Crìosdail eile agus prìomh chreideamhan an t-saoghail a thuigsinn agus a luachadh
- diofar deimhinneach a dhèanamh dhaibh fhèin agus don t-saoghal le bhith a' cur an creideasan agus an luachan an gnìomh.

Bidh luchd-teagaisg dìleas don rùn a bhith ag adhartachadh tuigse mun chreideamh Chaitligeach agus bidh iad cuideachd a' teagasg spèis do dhiofar fhaireachdainnean creideamhach. Tha eòlas creideimh san sgoil Chaitligich a' beachdachadh air cudromachd creideimh bho shealladh beatha gach neach agus bho shealladh na coimhearsnachd creideimh. Chan eil e a' sgrùdadh creideamh mar nì air leth bho shealladh air an taobh a-muigh.

A thuilleadh air a bhith a' leasachadh an tuigse mun chreideamh Chaitligeach, bidh clann agus daoine òga cuideachd ag ionnsachadh spèis do, agus a' faighinn tuigse mu, thraidiseanan Crìosdail eile. Thig iad cuideachd gu bhith a' cur luach air taobhan cudromach ann am prìomh chreideamhan an t-saoghail, ag aithneachadh agus a' toirt spèis don t-sireadh dhùrachdach airson fìrinn, a bhios a' gabhail àite ann an creideamhan eile. Far a bheile e iomchaidh, san dòigh cheudna bidh iad ag ionnsachadh mu sheasamh dhòighean beatha a tha neo-eisimeileach bho chreideamh sam bith.

Ciamar agus cuin a dh'ionnsaicheas clann mu chreideamhan eile an t-saoghail?

Rè an ama ro-sgoile agus bho eòlasan sa choimhearsnachd ionadail, bidh a' mhòr-chuid den chloinn air rudeigin ionnsachadh mu chreideamhan eile an t-saoghail, mar eisimpleir tro fhèillean agus shubhachasan, agus bidh luchd-teagaisg airson togail air an eòlas sin mar a bhios iad mean air mhean a' toirt a-steach ionnsachadh mu chreideamhan eile an t-saoghail. An crochadh air suidheachadh na sgoile agus na coimhearsnachd, bhiodh creideamhan eile an t-saoghail air an teagasg gu h-àbhaisteach bho P3 agus às dèidh sin.

Gus rianachd agus co-chothrom iomchaidh a chur ann an liubhairt Crìosdaidheachd Caitligeach agus creideamhan eile an t-saoghail, tha stiùireadh bhon Eaglais mar a leanas. Gu h-àbhaisteach, bhiodh ionnsachadh mu thaobhan a' chreideimh Iùdhaich agus Islam a' gabhail àite bho P3 agus às dèidh sin, agus air a thoirt air adhart ann an ÀS1 agus ÀS2. Cha chuir sin bacadh air tarraing air creideamhan sgoilearan mu thraidiseanan creideimh eile a tha air an sealltainn san sgoil, ach bu chòir a leithid sin de tharraing a bhith mar fhreagairt air ceistean, no co-cheangailte ri tachartasan mu fhèillean creideamhach, mar eisimpleir. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iad dualtach a bhith air leth. Gabhaidh seo leudachadh gu ionnsachadh mu dheidhinn Budachd, Siogachd no Hinduthachd aig ìrean àrd-sgoile, le roghainnean sgrùdaidh a bharrachd mun seo aig a' cheathramh ìre.

Dè seòrsa modhan teagaisg a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh ann an eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach?

Faodaidh am pròiseas ionnsachaidh ann an eòlas creideimh san sgoil Chaitligich a bhith air fhaicinn mar thuras creideimh, sireadh airson fàs agus freagairt phearsanta sa choimhearsnachd creideimh. Airson a bhith cinnteach gu bheil comas aig an neach òg pàirt iomlan agus gnìomhach a ghabhail san turas seo, tha e cudromach gum bi iad ann an cuideachd inbhich as urrainn labhairt, ceasnachadh agus mìneachadh ann a leithid de dhòigh agus gu bheil comas air a thoirt don neach òg gus meòrachadh, tuigsinn le doimhneachd agus freagairt ann an dòigh iomchaidh.

Gheibhear iomradh air modh ionnsachaidh ris an canar 'Modh Emmaus' a dh'fhaodas a bhith feumail aig diofar ìrean den turas creideimh, gu h-ìosal.

A' labhairt

Tha an luchd-teagaisg a' stèidheachadh ceangal de spèis agus earbsa le luchd-ionnsachaidh. Tha iad a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gu bheil tuigse aig an neach-ionnsachaidh mu eòlasan a beatha no a bheatha fhèin, agus a' daingneachadh comas sònraichte gach neach airson smaoineachadh mu thachartasan. Tha gnìomhan air an cur ri chèile a bheir comas don neach-teagaisg a bhith ag obair còmhla ris a' chloinn agus na daoine òga ann an dòigh a tha taiceil agus tuigseach.

Meòrachadh

Tha cothroman ionnsachaidh air an cur air adhart a tha measgaichte, gluasadach agus a' glacadh mac-meanmainn, agus a' cuimseachadh aire air pàirt den bheatha a tha air a thaghadh. Thathar a' stiùireadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' smaoinichadh ann a leithid de dhòigh agus gu bheil iad a' ruighinn air an eòlas beatha fhèin no eòlas beatha neach eile. Tha iad a' faighinn cuireadh airson freagairt le bhith a' comharrachadh agus a' cur an cèill smuaintean agus faireachainnean air a bheil iad a' cur eòlas.

Ceasnachadh

Tro cheasnachadh, tha an luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh prìomh chùisean a tha coitcheann do dhaoine uile, a tha aig cridhe an eòlais beatha air a bheil iad a' meòrachadh. Tha seo ag iarraidh mòran sgil agus mothachaidh bhon neach-teagaisg agus tha e nas fheàrr a choileanadh tro cheasnachadh fosgailte.

Mineachadh

Tha an neach-teagaisg a' mineachadh taobhan den Sgrìobtar Naomh agus Traidisean a tha a' cuideachadh an neach-ionnsachaidh gus ciall a dhèanamh den eileamaid shònraichte den eòlas beatha air a bheil iad a' smaoinichadh.

Doimhneachadh

Tha eileamaidean san dòigh anns an tèid an teagasg a dhèanamh, a bhios a' cuideachadh an neach-ionnsachaidh gu dhol an sàs ann agus tuigse fhaighinn aig ìrean a tha a' dol nas fhaide na tuigse inntinneil a-mhàin. 'S fheudar do eòlasan mar bàrdachd, ùrnaigh, beachd-smaoinichadh, ceòl, dràma agus fianais creideimh, chan e a-mhàin an inntinn fhosgladh, ach cridhe agus anam an neach-ionnsachaidh cuideachd.

Freagairt

Tha an neach-teagaisg a' cruthachadh suidheachadh de spèis do chreideasan luchd-ionnsachaidh uile, agus a' daingneachadh luach gach neach mu bhith comasach airson meòrachadh, comharrachadh agus iomradh a thoirt air an tuigse phearsanta fhèin mu na tha iad a' creidsinn anns a' cho-theacsa a tha fo sgrùdadh. San fheallsanachd seo, tha luchd-ionnsachaidh air an stiùireadh gu smaoinichadh mun dùbhlán airson gairm Dhè a fhreagairt, a tha aig cridhe an sgrùdaidh air a bheil iad a' smaoinichadh. Tha e air iarraidh orra am freagairt iomradh agus a mhineachadh, agus mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air am beatha agus beatha dhaoine eile.

Tha freagairtean san dòigh seo, nuair a tha iad co-cheangailte ris na còig eileamaidean gu h-àrd, a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh san traidisean Chaitligich, an dealas mun creideamh fhèin dhoimhneachadh. San fheallsanachd seo, tha luchd-ionnsachaidh de sheòrsaichean, chreideamhan agus sheasamh beatha eile a dh'fhaodadh a bhith neo-eisimeileach bho eòlas creideimh sam bith, a' faighinn cothrom an sireadh pearsanta fhèin airson brìgh agus firinn a thoirt air adhart.

Bidh eòlasan iomchaidh mar seo ann an ionnsachadh is teagasg air an coileanadh, far a bheil luchd-teagaisg a' strì nam planadh ri:

- ùine fhilleadh a-steach airson smaoinichadh pearsanta agus còmhraidh domhainn air beachdan, eòlasan agus dùbhlain moralta a bhrosnachadh
- luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus cho cudromach 's a tha an eòlas aithneachadh, agus an comas air smaoinichadh air, agus a luachadh, a chumail suas
- eòlasan ùrnaigh, liteargaidh agus smaoinichadh a ghabhail a-steach a thuilleadh air cothroman eile airson fàs spioradail, a' toirt comas dhan chloinn agus do dhaoine òga eòlas a chur air beatha a' chreideimh
- cothroman a sholarachadh do luchd-ionnsachaidh airson eòlas a chur air com-pàirteachadh ann an seirbheis do chàch agus airson coinneachadh ri daoine a tha a' sealltainn an creideimh ann an gnìomh
- togail air buntanas creideimh agus ionnsachaidh ann an eòlas creideimh do bheatha dhaoine òga ann an coimhearsnachd an latha an-diugh
- clann agus daoine òga a bhrosnachadh airson bunait diofar chreideasan a rannsachadh ann am feallsanachd in-ghabhaltachd agus spèis
- aithneachadh agus togail air a' chothrom mu cheangal le ionnsachadh thar a' churraicealaim agus thar feallsanachd agus beatha coimhearsnachd na sgoil Chaitligich
- cunntas a ghabhail air ìre adhartas chloinne agus dhaoine òga agus an comas air dèiligeadh ri beachdan iomadh-fhillte
- clann agus daoine òga a chuideachadh airson sgilean smaoinichaidh breithneachail a thoirt air adhart
- an fheum as fheàrr a dhèanamh de chothroman airson ionnsachadh co-obrachail agus neo-eisimeileach
- tarraing air diofar mhodhan obrachaidh cruthachail a bhios ag adhartachadh ionnsachadh gnìomhach
- luchd-ionnsachaidh a chur an sàs ann am measadh an ionnsachaidh fhèin
- feum mac-meanmhainneach a dhèanamh de ghoireasan.

Dè na comharran farsaing a th' ann am measadh eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach?

Bu chòir do mheasadh eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach clann agus daoine òga a chuideachadh gu bhith a' sior fhàs comasach air tuigsinn, agus freagairtean nas fiosraichte agus nas earbsaiche a dhèanamh do chuireadh Dhè gu dàimh. Chan eil dealas a thaobh creideas pearsanta ga mheasadh air chumadh sam bith. Anns an t-suidheachadh oideachail, tha measadh air freagairt chloinne agus dhaoine òga do chuireadh Dhè gu dàimh, a' sealltainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean a tha luchd-ionnsachaidh air fhaighinn, gus taic a chur ri am freagairt do ionnsachadh ann an eòlas creideimh agus ann am beatha farsaing na sgoile.

Bidh luchd-teagaisg a' tional fianais adhartais mar phàirt den ionnsachadh bho latha gu latha agus tro ghnìomhan measaidh sònraichte a tha air am planadh gu cùramach. Bidh dòighean measaidh a' gabhail a-steach:

- eòlas agus tuigse mu phrìomh thaobhan a' chreideimh Chrìosdail Chaitligich, a' gabhail a-steach mothachadh mu thraidiseanan Chrìosdail eile agus creideamhan eile an t-saoghail
- freagairtean gach pàiste agus gach neach òg, (mar eisimpleir tro fhèin-luachadh) a bhios a' sealltainn tuigse nas leatha agus nas doimhne, tro sgrùdadh breithneachail, reusanachadh moralta agus lèirsinn
- am mothachadh mu na dòighean sa bheil iad a' cur an creideas, an luachan agus am beachdan an gnìomh.

Tha ionnsachadh ann an eòlas creideimh a' ciallachadh gum bi clann agus daoine òga a' tadhal agus ag ath-thadhal air cuspairean agus gan ceangal ri suidheachaidhean fìor-bheatha mar a bhios iad a' fàs. Faodaidh iad adhartas a shealltainn tron comas ann am mion-sgrùdadh, ann an luachadh agus ann a bhith a' conaltradh an tuigse a tha a' sior fhàs le soilleireachd agus misneachd, agus tro mheòrachadh air an eòlas beatha fhèin agus eòlas beatha dhaoine eile. 'S urrainn dhan chloinn agus do dhaoine òga adhartas anns an dòigh a bhios iad a' freagairt do cheistean agus do chùisean a shealltainn, anns an ìre gu bheil iad a' dol an sàs ann an smaoinachadh agus còmhradh mu chùisean creideimh agus moraltachd, agus tron comasan a tha a' sior leudachadh air smaoinachadh breithneachail. Bidh eisimpleirean de adhartas a' gabhail a-steach fhreagairtean do cheistean a tha a' sior fhàs smaointeachail, a' sealltainn adhartas ann an eòlas agus ann an doimhneachd an tuigse.

Ciamar a tha eòlasan agus builean eòlas creideimh sna sgoiltean Caitligeach air an eagrachadh?

Tha na h-eòlasan agus na builean air an eagrachadh fo Dhualan Creideimh, a tha a' mìneachadh nan taobhan de dhìadhadh Chaitligeach a tha aig cridhe eòlas creideimh Caitligeach. Le bhith a' comharrachadh raointean a tha co-cheangailte ri fòcas meòrachail, tha gach dual cuideachd a' nochdadh frèam den eòlas bhom bi an t-ionnsachadh a' gabhail àite. Chan e nithean air leth a th' anna – tha iad gu nàdarrach ceangailte ri chèile. Fhad 's a bhithear gu gnìomhach a' rannsachadh agus a' freagairt aon dual le luchd-ionnsachaidh, tha comas aig an neach-teagaisg tarraing air cuid de rudan anns na dualan eile.

Bheir frèam eòlasan agus builean comas do luchd-teagaisg na h-eòlasan ionnsachaidh a chruthachadh, a tha air am mìneachadh anns an Dual Creideimh, agus mar sin a' toirt comas don neach-ionnsachaidh meòrachadh air freagairt phearsanta do Dhia.

Tha na h-eòlasan agus na builean anns gach dual a' comharrachadh adhartas nach eil an-còmhnaidh ann an sreath thar ìrean. Tha an luach sònraichte agus gnèitheach fhèin aca ris am feumar dèiligeadh airson nan ath-cheumannan ann an ionnsachadh a thoirt air adhart. Tha na suidheachaidhean airson ionnsachadh a' gabhail a-steach an neach fhèin, teaghlach, coimhearsnachd sgoile, coimhearsnachd paraiste/ionadail agus a' choimhearsnachd nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha dìleasan na sgoile, na paraiste agus na sgìre-easbaig aig cridhe na cùise, mar bhun agus fianais ann an adhartas an sgoileir.

Bidh na h-eòlasan agus na builean sin a' cur clann agus daoine òga an sàs ann an ionnsachadh gnìomhach mar a bhios an creideamh a' fàs. Tha na builean a' sùileachadh gum bi clann agus daoine òga air turas a tha a' fosgladh a-mach dòigh airson coinneachadh ri Dia, nan eòlas beatha iomlan. Tha seo an eisimeil mhodh-obrach a tha a' cuimseachadh air a' phàiste, far a bheil clann agus daoine òga a' faighinn chothroman air eòlas a chur air a leithid sin de choinneachaidhean, air an togail mun cuairt prìomh nìthan sa chreideimh Chaitligich.

Chan eil na cothroman sin a-mhàin air an solarachadh le luchd-teagaisg ach le pàrantan agus teaghlachan agus ann an suidheachadh paraiste agus coimhearsnachd ionadail, far a bheil daoine òga a' faighinn cuireadh airson smaoinachadh air an creideas agus air an luachan, an gnìomhan agus an dealasan, an traidiseanan agus an cleachdaidhean ann an diofar shuidheachaidhean, le taic bho dhiofar inbhich agus dhaoine òga eile.

Tha nàdar nam builean ionnsachaidh sin a' toirt iomradh, gu ìre, air cuid de na h-eòlasan. Tha cleachdadh gnìomhan a' togail air an fheum a tha aig a' chloinn a bhith an sàs ann an eadar-obrachadh gnèitheil leis na dualan.

Dìomhaireachd Dhè

- rannsachadh shuidheachaidhean iongnaidh is dìomhaireachd sa bheatha
- ann an solas Facal Dhè mar a tha air e a libhrigeadh sna sgrìobtairean Chrìosdail agus teagasg na h-Eaglais Chaitlicigh, smaoinich air mar a dh'fhaodas na suidheachaidhean sin buaidh a thoirt air an dòigh sa bheil sinn gar tuigsinn fhìn, ar beatha agus air an t-saoghal mun cuairt oirnn.

Ann an Ìomhaigh Dhè

- smaoinich air a' chreideas Chrìosdail, gu bheil brìgh agus inbhe aig ar beatha uile agus gun urrainn do ar gih-tean, tàlantan, cùl-raon, eòlasan, teaghlach agus creideamh ar cuideachadh gus ar gairmean beatha a luachadh, a tha Dia a' sealltainn dhuinn.

Fìrinn Fhoillsichte Dhè

- a' smaoinichadh mun chreideas Chrìosdail gu bheil Dia, a rinn sinn agus a tha a' toirt cuireadh dhuinn gu lànachd beatha, air a shealltainn dhuinn mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh tro dhàimhean pearsanta Ris-san agus ri chèile
- a' cur ar smuaintean agus ar faireachainnean an cèill mu mar a tha buaidh aige air an dòigh sa bheil sinn a' tuigsinn nan eòlasan as fhaide a-staigh nar beatha spioradail, gu h-àraidh mu chogais, deòin agus ùrnaigh.

Mac Dhè

- a' meòrachadh air a' chreideas Chrìosdail gu bheil Dia air a shealltainn sa Chruthachadh ann an dòigh àraidh tro thachartasan agus tro dhaoine sònraichte, ri fhaicinn ann an eachdraidh an t-saoraidh, agus gun deach seo a dhèanamh slàn nuair a thàinig Dia gu bhith daonna ann an Ìosa Crìosd, Mac Dhè agus Mac an duine
- a' cur ar smuaintean agus ar faireachainnean an cèill mu seo air sgàth bhriathran agus gnìomhan Ìosa
- a' smaoinichadh mun ìre gum faod briathran agus gnìomhan Ìosa buaidh a thoirt air beachdan, luachan agus ar giùlan fhìn agus giùlan dhaoine eile.

Comharran Dhè

- a' smaoinichadh mun chreideas Chrìosdail Chaitlicigh gu bheil Crìosd air Èirigh fa chomhair Coimhearsnachd na h-Eaglaise, tro chumhachd an Spioraid Naoimh, agus gu bheil a bhuill air am beathachadh tro bhith a' co-roinneadh ann am beatha na Trianaid tro na Seachd Sàcramaidean
- le bhith a' tuigsinn gu bheil na Sàcramaidean mar choinneachadh ri Ìosa, a tha gar treòrachadh air ar slighe gu Creideas
- an dèidh beachdachadh air eisimpleirean de fhianais fhàidheil agus misean na h-eaglais, 's urrainn dhuinn ar smuaintean agus ar faireachainnean innse mun bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig Sàcramaidean agus fianais air ar beatha agus air ar saoghal.

Facal Dhè

- a' meòrachadh air a' chreideas Chrìosdail Chaitlicigh gu bheil Dia a' labhairt ris an
- t-sluagh uile aig gach àm, agus a' labhairt rinne ann an dòigh shònraichte ann am Facal Dhè, mar a tha air a chur sìos ann an Sgrìobtar Naomh agus ann an Traidisean Naomh na h-Eaglais Chaitlicigh
- an dèidh Facal Dhè a chur an cèill ann an suidheachaidhean làitheil ar beatha, 's urrainn dhuinn ar smuaintean agus ar faireachainnean a shealltainn mun bhuaidh a tha aige air beatha dhaoine.

Uairean Dhè

- a' smaoinichadh mun chreideas Chrìosdail gu bheil Sluagh Dhè a' freagairt cuireadh Dhè gu comanachadh tro Ùrnaigh agus Liteargaidh Naomh na h-Eaglaise
- a' sealltainn ar smuaintean agus ar faireachainnean mu dheidhinn seo, agus ag innse mar a dh'fhaodas ar tuigse agus ar n-eòlas air ùrnaigh, agus ùrnaigh choitcheann, buaidh a thoirt air ar beatha agus air beatha dhaoine eile.

Rioghachadh Dhè

- a' smaoinichadh mu na Deich Àithntean agus air Àithne Ùr Ìosa
- freagairt na gairm airson gluasad air adhart ann an naomhachd sa bheatha seo agus gu bràth, mar a thuir Ìosa anns na Beannachdan
- a' sgrùdadh feum air freagairt do chùisean moralta san teagasg Chaitlicigh
- a' smaoinichadh mu mar a dh'fhaodas ar freagairt do ghairm Chrìosda gu rioghachd Dhè de cheartas, gràdh agus sìth a thogail, buaidh a thoirt oirnn fhìn agus air daoine eile.

Dè na ceangalan a th' ann ri roinnean eile den churraicealam?

Tha eòlasan agus builean eòlas creideimh san sgoil Chaitligich aig cridhe eòlas ionnsachaidh gach neach a bhuineas do choimhearsnachd creideimh sgoile. Bidh luchd-stiùiridh sgoile, ann am planadh airson solarachadh èifeachdach foghlam Caitligeach, a' toirt cunntas air adhbhar agus rùn na sgoile, a luachan, dearbh-aithne agus feallsanachd, a chom-pàirticheas ri dachaigh agus paraiste.

Tha Coimisean an Fhoghlaim Chaitligich air comhairle shònraichte fhoillseachadh ann an goireas *Luachan Beatha* air mar is urrainn don sgoil Chaitligich adhartas air luachan agus deagh-bheusan a neartachadh ann am beatha nan oileanach. Tha e a' sealltainn mar – thar beatha na sgoile – is urrainn do sgoiltean luachan ceartais, gliocais, co-fhaireachdainn agus treibhdhireis a theagasg, agus mar sin a' toirt comas do dhaoine òga a thighinn air adhart mar luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, saoranaich earbsach agus com-pàirtichean èifeachdach.

Ma tha eòlas air creideamh aig cridhe na sgoil Chaitligich – ma tha Crìosd aig a teis-meadhan – bu chòir seo a bhith air a nochdadh sa phrìomhachas a thathar a' toirt do eòlas creideimh: na riarachadh ghoireasan, na planadh air a' churraicealam agus na prògraman leasachaidh proifeiseanta agus eagrachadh luchd-obrach.

Tha Co-labhairt Easbaigean na h-Alba an dùil gun lean a h-uile sgoil Chaitligeach stiùiridhean a chaidh a stèidheachadh le Coimisean an Fhoghlaim Chaitligich, mu bhith a' solarachadh àm iomchaidh do eòlas creideimh ann an curraicealam na sgoile. Tha na stiùiridhean sin a' comharrachadh riatanas de 2.5 uair a thìde gach seachdain aig a' char as lugha sa bhun-sgoil agus 2 uair a thìde san t-seachdain aig gach ìre san àrd-sgoil.

Gun teagamh, tha ceangalan brioghmhor eadar eòlas creideimh agus gach roinn eile den churraicealam a tha cudromach agus iomchaidh, ach chan eil iad a' cur às do fheum airson an ama as lugha airson eòlas creideimh a riarachadh. Gu h-àraidh, tha cuid de thaobhan co-cheangailte ri slàinte agus sunnd a' solarachadh chothroman airson ionnsachadh mu chuid de na modhan moraltaich sa beatha – mar eisimpleir, foghlam dhàimhean. Tha cùisean moralta agus beusach eile air an togail gu tric tro chuspairean ann an roinnean curraicealaim eile.

Bidh modhan ionnsachaidh agus teagaisg gnìomhach, a tha a' gabhail a-steach ionnsachadh co-obrachail, a' brosnachadh chloinne agus dhaoine òga airson beachdan, eòlasan agus dùbhlain mhoralta a dheasbad agus a chòroinn ann an diofar dhòighean, agus cuideachd airson prìomh sgilean a leasachadh, mar chonaltradh, ag obair còmhla ri daoine eile, agus fuasgladh cheistean.

Cuideachd, gheibh daoine òga ann an sgoiltean buannachd bho eòlas air creideamh, a bhios iad a' faotainn tro ùrnaigh, adhradh, subhachas agus seirbheis ghràdhach do dhaoine eile. Bu chòir dhaibh eòlas a chur air com-pàirteachas ann an seirbheis do chàch agus daoine a choinneachadh a tha a' sealltainn an creideimh tro ghnìomh. Ann an dòighean a tha freagarrach do an ìre, bu chòir cothroman a bhith aca am beachdan fhèin mu bhith beò nan creideamh, a chur an gnìomh. Ionnsaichidh iad bho luchd-teagaisg agus bho dhaoine eile a bhios a' tairgsinn fianais agus brosnachadh, dùbhlain agus taic.

Dè an tuilleadh taic a tha ri fhaotainn le luchd-cleachdaidh?

Tha an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* a' tairgsinn cothrom gluasadach dhuinn uile airson ionnsachadh agus teagasg ath-sgrùdadh agus ath-neartachadh, a tha gu do-sheachainte a' dol a tharraing a-steach atharrachadh agus dùbhlain. Airson luchd-teagaisg air feadh na dùthcha a chuideachadh airson dèiligeadh ris an dùbhlain seo, tha tuilleadh cuideachaidh agus stiùiridh ri fhaotainn airson taic a thoirt do luchd-teagaisg nam planadh, agus dèanamh cinnteach gu bheil na h-eòlasan agus na builean air an atharrachadh gu fìor dheagh theagasg, ionnsachadh agus coileanadh don luchd-ionnsachaidh uile. Tha a leithid seo de mhìneachadh agus eisimpleirean anns an Stiùireadh Leasachail, *Seo Ar Creideamh*, a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Coimisean Foghlam Caitligeach na h-Alba, <http://www.sces.uk.com>.

Ciamar a tha eòlasan agus builean eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach a' ceangal ri cleachdadh an-dràsta?

Tha na h-eòlasan agus na builean a' tarraing gu làithreach air a' chleachdadh as fheàrr mar a tha air a mhineachadh ann an sgrìobhainnean *Curraicealam airson Sàr-mhathais* agus a' togail air sgrìobhainnean eile a' tighinn a-mach às a' choimhearsnachd Chaitligich. Nam measg sin, tha:

Leabhar-cheist na h-Eaglaise Caitligich (1994)

Geàrr-bhrìgh de Leabhar-cheist na h-Eaglaise Caitligich (2007)

Leabhar Seòlaidh airson Ceistearachd (1997)

Dearbhadh air Foghlam Criosdail (1967)

Neo-chlèirich Chaitligeach sna Sgoiltean (1982)

Taobh Creideamhach Foghlam san Sgoil Chaitligich (1988)

An Sgoil Chaitligeach air Stairsich an Tritisheamh Mile Bliadhna (1998)

Ag Oideachadh Còmhla sna Sgoiltean Caitligeach (2007)

Clàr-obrach Eòlas Creideimh do Àrd-sgoiltean (CEC, 1992)

Teagasg Èifeachdach air Eòlas Creideimh: Sireadh Pearsanta [Sgoiltean Caitligeach] (Ionnsachadh agus Teagasg Alba, 2001)

Eòlas Creideimh 5–14: Sgoiltean Caitligeach (Ionnsachadh agus Teagasg Alba, 2003)

Eòlas Creideimh 5–14: Sgoiltean Caitligeach (SOED agus CEC, 1994)